

Co nise ni airis, le geasdachd tuisge,
 Air innleachd neo-chriochnach a ghraidh dhuinn ?
 Oir 's faileas, 'sis sgleo, gach seoltachd pheucach,
 An coimeas ri innleachd a ghraidh dhuinn :
 Cha 'n eil ann 's gach ceum deth bheus nim pheucach
 Ach oibribh ro-dhiamhuin, chum tearnadh ;
 Ach faicibh am pian, Machd Dia, fullang,
 Chum ceartas a riach, sa dhaineach.

Chaidh innleachd neo-chriochnach Dhia thar tuigse,
 Thar eolas 's thar comas ar ranntachd ;
 Tha dhoimhneachd ro-mhor, 'sa airde thar tomhas ;
 Tha leud, agus fhad dhuinn, do-rannsuicht' :
 Tha gradh dhuinn o shiorruichd cian riomh 'n
 cruitheachd,
 Gun chaochladh gun atharach, gun tionadh ;
 Nis moladh gu siorruidh do 'n Trianaid Bheanuight
 Tha dortadh dheth tomhas nach gann dhuinn.

'N CARAID GAOLACH.

Sud am peacadh a dhruigh oirn,
 Brist-eadh cumhnant nan gniomh
 Thug e truaigh agus bas oirn,
 Ghlac an namh sinn na lion ;
 Chaill sinn neo-chiont ar naduir,
 Thainig nair oirn is fiadh ;
 Chaill sinn coir air a Gharadh—
 'N Lios a b'aille bh'ann riamh.

'S goirt an leagadh a fhuar sinn,
 'S iomadh truaigh tha na dhaill,
 'S iomadh trioblaid tha fuaidht ris,
 Dha gach sluagh agus al ;
 Mar bheir dubh—reodhadh ceiteun
 Bhar nan geugan am blath ;
 Thug am peacadh ar sgiomh dhinn,
 Chaill sinn iomhaidh a ghradh.